

# Na Ceiltich

---

Anns an leabhran seo tha tionndadh  
Gàidhlig de na prìomh phannalan air  
**Na Ceiltich**.


## Na Ceiltich

Anns an leabhran seo tha tionndadh Gàidhlig de na prìomh phannalan air **Na Ceiltich**.

Feuchaibh is cuiribh air ais an leabhran aon uair is gu bheil sibh deiseil dheth.

Le dòchas gun còrd an turas ribh.

# Plana a' Ghailearaidh



Slighe a-steach

## 1.1 Cò bh' anns na Ceiltich?

Tha 'Ceilteach' na fhacal le diofar chiallan a tha a' sìor-atharrachadh. Cha robh riamh, ge-tà, aon daoine no dùthaich Cheilteach fa leth.

Bho chionn 2500 bliadhna, sgrìobh na Greugaich mu dhaoine borb ris an canar 'Na Ceiltich' a bha a' fuireach gu tuath air saoghal na Mara Meadhanaich. Tha sinn an-diugh a' bruidhinn air daoine agus cànanan Ceilteach mar rud a bhuineas do dhùthchannan leithid Alba, Èirinn, Cuimrigh agus A' Bhreatainn Bheag.

Eadar an dà linn seo bha eachdraidh fhada, thoinnte; eachdraidh air am faigh sinn tuigse a bharrachd tro thasgaidhean sònraichte air an sgeadachadh le ealain ris an canar 'Ealain Cheilteach'.

## 1.2 Fìrinn agus Uirsgeul

Tha an sgeulachd a' tòiseachadh 2500 bliadhna air ais, nuair a bha An Roinn Eòrpa na shaoghal de choimhearsnachdan beaga le ceanglaichean farsaing. Bha na h-aon seòrsa chleachdaidhean, phàtranan ealain agus chreideamhan aca, ach bha iad eadar-dhealaichte ann an dòighean eile. Cha do dh'fhàg na daoine seo - air an tug na Greugaich an t-ainm 'Ceiltich' - clàraidhean sgrìobhte sam bith. Chaidh na tha againn de dh'fhiosrachadh mun deidhinn a sgrìobhadh leis na Greugaich is na Ròmanaich, gu tric rè amannan de cheannsachadh no chòmhstri, le seallaidhean beaga a-steach air saoghal nach robh iad idir a' tuigse.

Bha buaidh mhòr aig na sgrìobhadairean Greugach is Ròmanach seo. Anns an Naoidheamh linn deug chaidh na criomagan sgrìobhaidh bho eachdraidh chlasaigeach a mheasgachadh le uirsgeul bho na Meadhan Aoisean agus fianais àrc-eòlach bho àitean is amannan gu tùr eadar-dhealaichte. 'S ann a-mach à seo a thàinig an ìomhaigh romansach air na Ceiltich a tha againn suas chun an là an-diugh.

'S urrainn dhuinn a-nis, a' cleachdadh fianais a lorgadh thar an 150 bliadhna a dh'fhalbh, coimhead às ùr ri fìor bheathanan Ceilteach; le tasgaidhean bhon àm gar toirt air ais chun nan linntean a dh'fhalbh.

### 1.3 Saoghalan Diofraichte, Stoidhlean Diofraichte

Chan urrainn a chantainn gu bheil aon seòrsa ealain Cheilteach ann. Tha grunn stoidhlean eadar-dhealaichte air a bhith ann thar dà mhìle bhliadhna. Tro bhith a' sgrùdadh na h-ealain aca, gheibh sinn tuigse a bharrachd air eachdraidh fhada na Roinn Eòrpa agus doras a-steach a shaoghalan nach eil ann tuilleadh – saoghal Linn an Iarainn, buaidh nan Ròmanach, agus mar a fhuair Crìostalachd làmh an uachdair às dèidh dha crìonadh thighinn air cumhachd na Ròimhe.

Tha sgeulachdan an lùib ealain. Tha iad ag innse dhuinn mu bheatha dhaoine, mar a bha iad a' coimhead orra fhèin is air daoine eile. Tha ealain a' toirt dhuinn fiosrachadh air ceanglaichean, inbhean agus air creideamhan, gu h-àraidh nuair a bha daoine a' tighinn ri chèile agus ag atharrachadh.

## 2.1 Eòrpa Cheangailte, 450BC – 150BC

Bha muinntir nan linntean bho chionn 2500 bliadhna a' coimhead air an t-saoghal ann an dòigh eadar-dhealaichte an taca rinne. Tha tasgaidhean cumhachdach, maisichte a' toirt dhuinn sealladh a-steach dhan t-saoghal aca, le ìomhaighean de bheathaichean is lusan rim faicinn sna lùban is na sgrolaichean. Bha ealain àraidh nan Ceilteach gu math diofraichte bho ealain chlaisaigeach nan Greugach is nan Ròmanach.

Tha na h-aon phàtranan toinnte, ris an can sinn ealain Cheilteach, rim faicinn an ealain choimhearsnachdan eadar-dhealaichte air feadh mòran den Roinn Eòrpa an Linn an Iarainn, bho Bhreatainn is Èirinn gu dùthchannan na Mara Duibhe. Bha an ealain seo le teachdaireachdan nan lùib air ceanglaichean, inbhe is creideamh. Cha b' e ealain àbhaisteach a bh' ann idir – dh'fheumadh eòlas a bhith agad airson a tuigse.

## 2.2 Ealain Chreidimh

Tha coltas àraidh air seann ealain nan Ceilteach agus na pàtranan seunta, do-thuigsinn na lùib. Chìthear iomadh lùb agus snìomh san ealain le coltas bheathaichean is chraobhan orra. Tha daoine rim faicinn air criosan agus bràistean le coltas mì-nàdarra is ainmhidh orra. Tha cuid dhe na creutairean le sgeadachadh duilleagach man ceann; mar chomharra gun robh iad os-nàdarra no spèisealta ann an dòigh air choireigin.

Cha b' ann mu dheidhinn nam pàtranan boidheach a bha ann ealain seo, ge-tà. Bha a' mhaiseachd thoinnte seo cuideachd a' dìon daoine bho chron. Bha na h-ìomhaighean a' toirt seachad fiosrachadh air eachdraidh is seachas dha daoine a b' urrainn an leughadh, ged nach dèan sinn san là an-diugh càil dhiubh.



## 2.3 Ulaidhean Sònraichte

Bha an ealain a' comharrachadh nan nithean fhèin is nan daoine air an robh iad le inbhe shònraichte. 'S iad nithean òir is umha a-mhàin a dheigheadh a sgeadachadh le ealain Cheilteach, le glè bheag de dhaoine aig am biodh tasgaidhean mar seo no aig am biodh comas na pàtranan a thuigse. Bha an ealain a' comharrachadh dhaoine aig an robh fìor àrd-inbhe nan coimhearsnachd fhèin agus nas fhaide air falbh.

Mu 320BC, chaidh boireannach cudromach a h-adhlacadh aig Waldalgesheim ann an taobh siar na Gearmailt le tasgaidhean air an sgeadachadh gu grinn. Bha i le grìogagan umha is òir (le ìomhaighean de lusan is chraobhan orra) ma corp, le soithichean umha timcheall oirre. Bha cuideachd carbad grinn san uaigh maille rithe. Bha an ealain is ulaidhean àraidh seo ga comharrachadh mar tè aig an robh inbhe shònraichte ga ceangal ri saoghal fad às.

## 2.4 Àbhaisteach agus Neo-àbhaisteach

Bha ealain Cheilteach na h-ealain shònraichte air a cruthachadh le ceàrdan sònraichte dha daoine sònraichte. 'S ann glè ainneamh a nochdadh ealain Cheilteach air gnothaichean àbhaisteach, làitheil leithid soithichean criadha, cnàmha no glainne. Bha iad sin, mar bu trice, gun sgeadachadh sam bith no le sgeadachadh sìmplidh orra.

Tha na bannan glainne is soithichean grinne a bh' aig muinntir nan coimhearsnachdan seo a' sealltainn gun robh liut aca a thaobh diofar seòrsa ciùird. Tha na th' againn de chrìomagan aodaich ag innse gun robh aodach dathach, grinn aca. Tha na gnothaichean rudeigin doilleir nan coltas a-nise, ach tha sin ri linn na h-aoise. 'S ann anns na grìogagan dathach glainne a-mhàin a chì sinn fìor shaoghal dathach nan daoine seo.

## 2.5 Saoghal Ceangailte, Sgaraichte

Ro 300BC, tha na h-aon stoidhlean ealain a' sealltainn gun robh ceanglaichean eadar coimhearsnachdan bho chosta a' Chuain Siar a-null chun na Mara Duibhe. Cionnas a bha seo? 'S dòcha gun deach na tasgaidhean bho dhaoine gu daoine thar astaran mòra, ach bha tursan agus ceanglaichean cuideachd a' toirt inbhe do dhaoine. Bha cuid a shiùbhladh astaran mòra a phòsadh, a shabaid (airson tuarastal) no air adhbharan eile, is iad a' cruinneachadh thasgaidhean agus cleachdaidhean fuadain a thigeadh dhachaigh leotha. Bhiodh daoine eile leithid goibhnean a' falbh a leantainn obair, len cuid sgilean agus ealain nan cois.

Bha na ceanglaichean seo a' ceangal choimhearsnachdan aig an robh beatha làitheil a bha gu tur eadar-dhealaichte; bhon t-seòrsa thaighean a bhiodh aca chun na dòigh san robh daoine air an tiodhlacadh. Bhiodh cuid air an tiodhlacadh le tasgaidhean luachmhor, ach bha cuid eile (ann am Breatainn, mar eisimpleir) nach deigheadh a adhlacadh idir. Thathas a' saòilsinn gun deach na cuirp a losgadh leis an luaith ga sgaoileadh, air neo dheigheadh iad a lobhadh 's a chur air ais gu pàirt de nàdar.

## 2.6 Èideadh Iongantach

Dìreach mar a chithear san là an-diugh, tha coltas is aodach dhaoine ag innse stòiridh air aois, gnè, inbhe, cò às a thàinig iad agus dè bu chaomh leotha a bhith. Bhiodh nithean leithid bràistean is fàinnean-amhaich (*'torcs'*) air an sgeadachadh gu grinn ann an dòigh agus gun glacadh iad aire dhaoine. Bha na sgrìobhadairean Greugach is Ròmanach dhen bheachd gun robh na fàinnean-amhaich a' buntainn do na Ceiltich a-mhàin, ach cha robh ach beagan eòlais aca air na treudan eile san Roinn Eòrpa. 'S ann a bha na fàinnean-amhaich seo air daoine air feadh na Roinn Eòrpa agus nas fhaide air falbh.

## 2.7 Ceòl is Cogadh

Chluinneadh an carnyx air feadh na Roinn Eòrpa rè Linn an Umha. Bha an còrn àraidh seo, le ceann beathaich air a' cheann, ga chluich aig batailean agus cuirmean gus brosnachadh no feagal a sgaoileadh. B' e cumadh tuirc bu tric a bhiodh air a' cheann agus dh'fhaodadh gur e an aon seòrsa fuaim a bhiodh aige cuideachd; a' dèanamh fuaim mhòr uabhasach leis na seann sgrìobhadairean a' toirt inneas air mar bhalla mòr fuaim. B' urrainn dha cuideachd, ge-tà, ceòl binn breagha a chluich.

Bha an còrn seo ga chleachdadh air feadh na Roinn Eòrpa, le dualchas àraidh co-cheangailte ris anns gach ceàrnaidh. Tha am fear a lorgadh an Deasgard san Ear-Thuath air a sgeadachadh an dòigh Albannach; leis an fhear a lorgadh ann am Mandeure san Fhraing air a dhèanamh ann an dòigh Ghailis. Tha mòran ealain Cheilteach dèante ann an dòigh aon àite sònraichte ach air bunait stoidhle eadar-nàiseanta.

## 2.8 Ìomhaigh nan Gaisgeach

Bha cogadh na rud àbhaisteach de bheatha rè Linn an Umha. Bha na sgrìobhadairean clasaigeach a' sgrìobhadh air na Ceiltich mar shaighdearan fiadhaich, dàna ach cha b' ann air murt is marbhadh a bha iad ag amas. Bha sabaid na dòigh air urram is spèis a chosnadh, tro ghaisgeachd no tro bhrùidealachd.

Le claidheamhan, sgiathan agus clogaidean a bha gu mòr air an sgeadachadh, tha e coltach gun robh feagal ga chur air nàmhaid leis na faiceadh iad a bharrachd air an fhòirneart fhèin. Chan fhaiceadh iad an sgeadachadh ach nuair a bhiodh iad glè fhaisg air a chèile; sabaid eadar dithis mar eisimpleir.

Bha cuid de stoidhlean rin lorg air feadh na h-Eòrpa, a' toirt oirnn smaoineachadh gur dòcha gun robh an aon urram ga thoirt do ghaisgich fad is farsaing; is iad a' siubhail astaran mòra a lorg glòr agus duaisean. Bha gaisgich air an comharrachadh aig àm am bàis is iad air an tiodhlacadh len innealan-cogaidh.

## 2.9 A' Siubhal gu Snasail

Bhiodh na daoine uasal airson siubhal ann an cofhurtachd is stoidhle. Bha e na fhasan aig an àm falbh an carbad le dà phonaidh ga tharraing; gun tagh a' chòrr aig na daoine àbhaisteach ach a bhith a' coiseachd bho àite gu àite. Bha cuid de charbadan aotrom is luath 'son cleachdadh am batail no airson aire dhaoine a tharraing, dìreach mar na càraichean luatha a gheibhear san là an-diugh. Bha carbadan eile ann a bha na bu chofhurtail, leis an t-siubhal a' cheart cho cudromach 's a bha an ceann-ùidhe.

Bha na carbadan agus pònaidhean gu math tric air an sgeadachadh airson coltas snasail a bhith orra. Bhiodh acainn shoilleir umha a' dèanamh fuaim agus coltas àraidh 's an carbad a' dol seachad. Chaidh a' bhonaid àlainn adharcach seo, a lorgadh anns an Iar-Dheas a sgeadachadh le stoidhlean fasanta Ceilteach, a' tarraing air fasanan na Roinn Eòrpa, a' nochdadh inbhe agus pròis an neach aig an robh am beathach.

## 2.10 An Coire 's an Copan

Bha àite cudromach aig biadh agus deoch ann an coimhearsnachdan Linn an Umha, leis an aon rud fìor san là an-diugh. Bha na fèistean nan dòigh air càirdeasan agus dàimhean a chomharrachadh. Aig fèistean agus cruinneachaidhean mòra, dheigheadh biadh a dhèanamh ann an coireachan mòra. Le biadh agus deoch ga roinn eadar diofar dhaoine, bha na dàimhean eatorra gan neartachadh.

Bha cuid de dh'fhèistean gan cumail 'son sluagh beag seach sluagh mòr, le cuid a' nochdadh cudrom no inbhe tro bhith a' toirt leann no fìon an copanan sònraichte. Bha cuid de chopanan is soithichean air thighinn bho dhùthchannan na Mara Meadhanaich, le feadhainn eile air an dèanamh le ceàrdan sgileil an àite; leithid na soithichean iongantach a lorgadh ann an Clermont-Ferrand am meadhan na Frainge.



## 2.11 Tabhartasan dha na Diathan?

Thathas a' lorg thasgaidhean bho Linn an Umha ann an àitean àraid leithid lochan, puill, aibhnichean agus uamhan. Cha shaoileadh gun deach an càll no an cur am falach ann an àitean dan leithid. Bhithe a' fagail thasgaidhean luachmhor a dh'aona ghnòthach mar thabhartasan aig làraichean cudromach. 'S dòcha gur e tabhartasan do na diathan a bh' annta, no comharran air amannan cudromach ann am beatha aon duine no coimhearsnachd, leithid pòsadh, tiodhlacadh, batail air a bhuannachadh no foghar mòr soirbheachail. Bhithe a' tairgse rudan bho bheatha làitheil dhaoine cho math ri ìobairtean sònraichte a bha gu mòr air an sgeadachadh.

A rèir chunntasan Julius Caesar, 's iad sagartan uasal no draoidhean a bhiodh a' riaghladh aig tachartasan tabhartais. Chan eil ach glè bheag de dh'fhianais àrc-eòlach againn airson nan draoidhean, ach thathas air lorg fhaighinn air èideadh-cinn, ladarna agus sgeinean àraid umha a fhreagradh air tachartasan dan leithid.

## 2.12 Taobh a-muigh an t-Saoghail Cheiltich

B' e fear dhe na tasgaidhean bu chudromaiche agus a b' iongantach a lorgadh co-cheangailte ri na h-aimsirean aosmhor san Roinn Eòrpa ach coire mìorbhaileach airgid a fhuair ann an Gundestrup san Danmhairg. Ged a thathas dhen bheachd gur e ulaidh Cheilteach a th' innte, tha e gu math fad air falbh bhon bheachd gur e daoine sìmplidh a bh' anns na Ceiltich.

'S iad seallaidhean os-nàdarra a th' anns na dealbhan, ach le mòran rudan bho bheatha làitheil muinntir na Roinn Eòrpa, leithid an fhàinne-amhaich agus an còrn. Le bhith a' coimhead ri stoidhle na h-ealain air a' choire agus mar a chaidh an t-airgead obrachadh faod sinn a chantainn gur ann à ear-dheas na h-Eòrpa a thàinig e; às a' Bhulgair no Romàinia far an robh pailteas airgid ann. Chìthear dàimhean gu dùthchannan fad às ann an Àisia, le aon chreutair cròiceach a' suidhe an cumadh yoga le casan lùbte, agus pannal eile le dealbhan de aibheanan-dubha àraidh.

Chaidh an coire adhlacadh fada air falbh bhon àite far an deach a dhèanamh, is e ga lorg am poll san Danmhairg. Tha sinn an seo a' coimhead ri daoine le ceanglaichean fada is làidir, chan ann ri saoghal beag Ceilteach.

## 2.13 Fiosrachadh air Gundestrup

An lùib nan tasgaidhean a lorgadh ann an Săliștean an Romàinia tha grunn phìosan fiosrachaidh ag innse mu eachdraidh coire Ghundestrup. Tha na tasgaidhean (leithid an coire) air an dèanamh le airgead – meatailt a bha gu math tearc an ceann an iar na h-Eòrpa ach a bha pailt gu sear. Am measg na lorgadh bha seòrsa fhàinnean-amhaich is bhràistean a bha cumanta air feadh na h-Eòrpa ach air an dèanamh le airgead seach umha no òir – meatailtean a na bu chumanta aig an àm.

Tha an criomag de airgead-òrdha bho thruinnsear a' nochdadh cheanglaichean do Ghundestrup. Chaidh seo agus pannalan a' choire a dhèanamh le òrd ag obrachadh an airgid bhon a' chùl le barrachd ga cuir ris an dealbh bhon taobh a-muigh. Tha stoidhle an sgeadachaidh gu math coltach ris na th' air a' choire; rud a tha gu math cumanta an obair-mheatailt Thracian an ear-dheas na h-Eòrpa. Tha an stoidhle, a' mheatailt, is an dòigh san deach obrachadh ag innse dhuinn gur ann an Gundestrup a chaidh a dhèanamh.

## 2.14 Dealbhan de Dhiathan

Ge brith dè an taobh bho bheilear a' teannadh air a' choire, chìthear creutairean mòra, dubha a' coimhead oirnn le tuill far an robh uaireigin sùilean glainne deàlrach. Tha iad ri cleasan os-nàdarra leithid greimeachadh fiadh nan dà làimh. Chìthear diathan agus bana-diathan a bhuineadh do sheann chreideamhan. Tha na figearan gun chàil orra a bharrachd air na fàinnean mun amhaichean; lem falt agus feusagan àraidh gam fàgail eadar-dhealaichte bho chèile. Tha iad air an cuairteachadh le daoine agus beathaichean beaga, an dà chuid nàdarra agus os-nàdarra, bho choin gu fèidh, madaidhean-allaidh dà-cheannach agus eich sgiathach le earbaill nathrach orra.

## 2.15 Fèist dha na Sùilean

Tha broinn a' choire le fèist mhòr de dhealbhan. Tha còig pannalan ann làn dealbhan toinnte, le diathan is daoine an sàs an gnothaichean àraidh. Tha fiù ceistean ag èirigh às na dealbhan sìmplidh le taisbeanadh shaighdearan. Cò a th' anns an creutair mhòr a tha a' cur dhaoine fodha san uisge? An e seòrsa de dh'ìobairt, tionnsgnadh no aiseirigh a th' ann? Carson a tha an nathair le ceann rùda oirre?

Aig bonn an t-soithich, tha diosg mòr airgid air a bheil dealbh de tharbh-shabaid a tha a-nise seachad. Is e prìomh chuspair an deilbh ach tarbh a' faighinn bàs, le bana-ghaisgeach bhos a chionn. Tha trì coin timcheall an tairbh – aon aca ri gàirdeachas, aon aca le coltas faiceallach air, agus fear eile air a lotadh gu bàs.

Tha na dealbhan le ìomhaighean bho air feadh na h-Eòrpa agus Àisia; o chluicheadairean a' chùirn san Iar gu aibheanan-dubha san Ear, a' taisbeanadh saoghal a bha ceangailte.

## 2.16 A' Cruthachadh a' Choire

Tha an coire le dà shreath de phleitean airgid air muin freàma iarainn le oir pìobach a bha a' toirt dha barrachd neirt. Nuair a fhuaireas lorg air, bha aon phleit a dhìth.

Chaidh na pàtranan a chur air le òrd bho chùl an t-siota (dòigh air bheil *repoussé*), le barrachd air a chur ris an dealbh on taobh a-muigh. Chaidh òradh an uair sin a chur ris. Chan e coire àbhaisteach a bha seo idir ach fear a chaidh a dhèanamh airson tachartas no adhbhar sònraichte le goibhnean aig an robh sgilean aig fìor àrd ìre.

Cha robh an diosg cruinn aig bonn a' choire ann bho thus, bha e uaireigin na phàirt de acainn eich. Chaidh a chur air muin toll sa bhonn, a' sealltainn gun do chaith an coire tro chleachdadh.

## 3.1 Buaidh na Ròimhe, 200BC – AD250

Bho 200BC a-mach, 's ann a sgaoil buaidh na Ròimhe gu taobh a-muigh na h-Eadailt, a' cruthachadh ìmpireachd a bha - fa dheireadh - a' dol bho Alba gu Siria. Thàinig Ìmpireachd na Ròimhe gu bhith na margaidh-malairt, na àite sam faighear rudan luachmhor ùra, agus na h-ìmpireachd a cheannsaich dùthchannan air feadh na h-Eòrpa.

Chaidh na stoidhlean àraidh de ealain Cheilteach à bith air tìr-mòr na h-Eòrpa, ach thàinig atharrachadh oirre am Breatainn is Èirinn le daoine a' cruthachadh nithean a bha gan comharrachadh mar dhaoine eadar-dhealaichte bho mhuinntir na Ròimhe. Mar a thàinig barrachd de Bhreatainn fo bhuidh nan Ròmanach, bha aig daoine ri gabhail ris an t-suidheachadh ùr seo agus thòisich iad ri cruthachadh rudan a bha a' cothlamadh chultaran na Ròimhe agus nan Ceilteach.

## 3.2 Saoghal Caochlaideach

Fiù mas tàinig i fo bhuidh na Ròimhe, bha na seann dòighean-beatha ag atharrachadh air feadh na h-Eòrpa. Thàinig fàs air coimhearsnachdan le bailtean sa mheadhan, ceàrnaidhean sònraichte de dh'obair-chiùird is ceanglaichean farsaing malairt.

Seach tasgaidhean ealanta Ceilteach, thàinig buinn a-steach a bha ri lorg air feadh na h-Ìmpireachd, a' toirt ìomhaighean gu sluagh a bha air feadh raon mòr na h-Ìmpireachd Ròmanaich.

Le fàs a' tighinn air Ìmpireachd na Ròimhe, thug i barrachd is barrachd buaidh. Bha iarrtas mòr airson ghnothaichean Ròmanach, le goibhnean air feadh na h-Ìmpireachd a' feuchainn ri stoidhle na sgìre aca fèin a chur air ealain chlasaigeach. Bha an ealain seo tòrr na bu nàdarraiche na na stoidhlean a bha aig na Ceiltich roimhe, ach cha b' e copaidhean a bh' annta idir. Chaidh dòigh nàdarra nan Ròmanach atharrachadh gu cruth spèisealta, àraidh. Bha na daoine seo a' coimhead air an t-saoghal an dòigh eadar-dhealaichte.



## 3.3 Sùil air Breatainn is I ag Atharrachadh

Ged a thàinig crìonadh air ealain Cheilteach air tìr-mòr na h-Eòrpa, thàinig fàs oirre am Breatainn is Èirinn. Thàinig na seann dòighean ealain gu bhith nan stoidhlean sònraichte Breatannach, gu math tric ri lorg air gnothaichean àraidh a bhuineadh do Bhreatainn leithid sgàthanan umha. Tha an sgeadachadh toinnte na dheagh eisimpleir de dh'obair ghràbhailta.

Bha na bha a' dol air adhart san Roinn Eòrpa le buaidh air muinntir Bhreatainn. Bha na Ròmanach a' sealltainn gun robh ùidh aca an ceann a deas Shasainn tro mhalairt is dioplòmasaidh. Bha soithichean umha agus gnothaichean luachmhor eile a' comharrachadh inbhe àrd am measg muinntir nan coimhearsnachdan. Bha tuilleadh luach ga chur air na rudan a bhuineadh do na Ròmanaich, le mic nan uchdaran Breatannach a' cur seachad tide le luchd-riaghlaidh na Ròimhe no a' dol nan saighdearan san arm Ròmanach. Bha piseach a' tighinn air buaidh na Ròimhe.

### 3.4 Fo Bhuidh na Ròimhe

Bha oidhirpean Ròmanach chum Breatainn a cheannsachadh a' fàgail na dùthcha na àite fo bhuaireas agus mòr-atharrachadh. Bha roghainn duilich aig na daoine – a dh'obair maille riutha, a chur nan aghaidh no a ghèilleadh.

Tha na tasgaidhean ag innse sgeulachd nan amannan duilich seo. Bha nithean air an sgeadachadh le ealain Cheilteach mar shamhla gun robhas a' cur an-aghaidh nan Ròmanach. Bha seudan sònraichte, acainn carbaid agus buill-airm uile mar innealan-cogaidh cultarail airson sabaid an-aghaidh nan Ròmanach.

Ach thàinig atharrachadh air na stoidhlean, a' togail cheanglaichean eadar Ìmpireachd na Ròimhe agus an saoghal a-muigh. Às dèidh do Bhreatainn thighinn fo bhuidh na Ròimhe, bha aig daoine ri atharrachadh nan dòighean-ealain aca. Bhathas a' dèiligeadh ri seo tro bhith a' toirt stoidhlean nan Ròmanach is nam Breatannach còmhla; dòigh air urram a thoirt do na riaghladairean ùra ach a' cumail ris na nòsan a bhuineadh dhaib' fhèin. Bha seo a' ciallachadh gun robh fèin-aithne shònraichte aig muinntir *Britannia*.

### 3.5 Creideamh ga Atharrachadh

Le measgachadh bhuidhean a' tighinn a-steach leis na Ròmanach, thachair atharrachadh mòr air creideamh iar-thuath na h-Eòrpa, le fiosrachadh ga sgaoileadh air diathan nan dùthchannan gu deas. Thàinig cuideachd atharrachadh air an dòigh san robhas a' coimhead air is a' smaoinichadh air diathan. Cha bhiodh muinntir na h-Eòrpa rè Linn an Umha a' dealbhadh nan diathan aca an cruth daonna, ach bha beachd diofraichte aig na Ròmanach – bha na diathan acasan le coltas daonna orra.

Thug saoghal nan Ròmanach air daoine na diathan aca ùrachadh no a chruthachadh às ùr. Chaidh gabhail ri cuid, leithid a' bhan-dia Ghailis Epona, agus chaidh i ma sgaoil air feadh na h-Ìmpireachd. Bha cuideachd diathan ùra gan cruthachadh airson an t-saoghail ùir san robh iad.

### 3.6 Air Taobh Thall nan Crìochan

Ged nach deach mòran de dh'Alba a cheannsachadh leis na Ròmanach, thug iad an dèidh sin buaidh mhòr air daoine air feadh na dùthcha. Ann an ear-thuath na h-Alba, thòisich daoine (fir is mnathan) ri cur umpa grìogagan mòra, dàna air an sgeadachadh le ealain shònraichte na sgìre aca fèin. Bha seo na dòigh air sealltainn nach robh iad idir nan Ròmanaich ach gum bhuineadh iad do chultar is dualchas air leth bho na daoine gu deas.

Ach 's e càirdeas gu math toinnte a bh' ann le Ròimh. Bhithe a' dèanamh ath-chleachdadh air gnothaichean meatailt nan Ròmanach, le fàinnean air an dèanamh a rèir stoidhle nan Ròmanach. Cha robh e idir furasta buaidh na Ròimhe a seachnadh, fiù fada air taobh thall chrìochan na h-Ìmpireachd.

## 4.1 Saoghal Ùr Crìostail, AD250 – AD1000

Le crìonadh a' tighinn air an Ìmpireachd Ròmanaich, rinn daoine gluasad air feadh na h-Eòrpa. Bhon 5mh linn AD a-mach bha Breatainn air a dhol na sgàird, le sgaraidhean a thaobh chànan agus chreideamhan. Bha na Sasannaich phàganach air ùr thighinn a-steach dhan cheann a deas agus an ear a' sabaid an-aghaidh nan coimhearsnachdan Crìostail sa cheann a tuath is an iar. Bha diofar ainmean aig na diofar threudan seo – Cruithnich, Albannaich, Breatannaich ach cha chanadh 'Ceiltich' riutha uair sam bith.

B' i Crìostalachd dìleab na h-Ìmpireachd Ròmanaich, a' ruigsinn cheàrnaidhean nach fhacas le saighdearan Ròmanach a-riamh. Cha robh anns an ealain lùbaich is chearcallaich a chaidh air feadh na Eòrpa thar mìle bliadhna ach aon eileamaid an stoidhle ealain ùr, àraidh a chaidh am meud fhad 's a bha an creideamh Crìostail a' faighinn greim air muinntir na h-Èireann is Bhreatainn.

## 4.2 A-mach à Saoghal nan Ròmanach

Bha buaidh mhaireannach aig an Ìmpireachd Ròmanaich. Chaidh stuthan, ìomhaighean agus dòighean a thàinig a-steach leis na Ròmanaich a chleachdadh gus gleans àraidh, grinn, lùbach a chur air rudan. Cha b' ann air innealan-cogaidh, fàinnean-amhaich no carbadan a bhathas a' cur na h-ealain ùir seo. Bha gnothaichean air atharrachadh. Bha mòran den sgeadachadh grinn, mionaideach seo ga chur air buill-mhaise èididh, a' comharrachadh rudeigin a bhuineadh don duine agus le ceangal gu eachdraidh.

Bha airgead na meatailt ùr a thàinig a-steach leis na Ròmanaich agus air an deach fèille mhòr a chur taobh thall chrìochan na h-Ìmpireachd. Chaidh airgead Ròmanach ath-chleachdadh uair is uair 'son tasgaidhean ùra a chruthachadh a rèir stoidhle an àite, rudan leithid slabhraidhean mòra agus prìneachan grinne, maiseach. Tro cheanglaichean ciùird agus cleachdadh airgead, mhair buaidh nan Ròmanach air Breatainn is Èirinn fada às dèidh crìonadh na h-Ìmpireachd agus fada nas fhaide na crìochan.

## 4.3 Iomadh Diofar Chànan

Tha sgrìobhadh air clach bho thràth sna Meadhan Aoisean a' toirt dhuinn fianais air na diofar chànanan Ceilteach a bhathas a' bruidhinn aig an àm am Breatainn is Èirinn. Bha diofar shiostaman sgrìobhaidh no sgrìoptaichean air an cleachdadh an diofar àitean.

B' e sgrìopt Laideann a lorgas air clachan sa Chuimrigh is taobh siar Bhreatainn, mar thoradh air na Ròmanaich. B' e an teacs Ogham bu mhotha a bh' aca an ceann a deas Èireann, ach tha seo air nochdadh cuideachd an iar-dheas Bhreatainn, a' sealltainn gun robh muinntir na h-Èireann air gluasad ann.

Ann an ear-thuath na h-Alba, bha na Cruithnich le sgrìopt aca fhèin; a' cleachdadh siostam de chomharran a' nochdadh am paidhrichean a' gabhail a-steach nan lùban is cearcallan a dheigheadh a shnaigheadh air meatailt.

## 4.4 Breatainn air a Sgaradh

Às dèidh dha crìoch thighinn air an Ìmpireachd Ròmanaich, thàinig ceann a deas is an ear Bhreatainn fo bhuidh nan Sasannach. Bha na sgaraidhean a thaobh phoilitigs, chànanan agus cinnidheachd aithnichte ann an ealain, aodach agus adhlacadh nan diofar dhaoine. B' e an t-eadar-dhealachadh bu mhotha ach am fear eadar na pàganaich air ùr thighinn a-steach is na daoine Crìostail an Èirinn is ceann a tuath is siar Bhreatainn.

Bho AD600 a-mach, 's ann a dh'fhàs ceanglaichean eadar na diofar sgìrean seo, le bobhlaichean sgeadaichte is tasgaidhean eile a rinneadh aig tuath is an iar a' nochdadh an uaighean nam pàganach aig deas. Ghluais sgilean-ciùird a thaobh sheudan a dhèanamh an taobh eile, le stoidhle ris an canar *interlace ornament* – gu mòr ga cleachdadh air feadh na h-Eòrpa agus leis na Sasannaich – a' nochdadh an ealain nan Ceilteach an Èirinn is Breatainn.



## 4.5 Aonachd tro Ealain

Fhuair Crìostalachd làmh an uachdair air feadh nan eilean seo bho AD650 a-mach. Chaidh dualchas eadar-dhealaichte ealain Bhreatainn a thoirt còmhla timcheall air a' chreideamh seo. Thàinig figheadh ainmhidhean bho na Sasannaich, ìomhaighean clasaigeach bho cheann a deas na h-Eòrpa, agus na seann lùban is cearcallan Ròmanach uile còmhla a chruthachadh aon stoidhle ealain ùr ris an canar a-nise *insular fusion*.

Fhreagair an stoidhle ùr seo gu mòr air ceann a tuath Bhreatainn, far an robh Sasannaich, Breatannaich, Albannaich agus Cruithnich uile a' sabaid airson làmh an uachdair a bhith aca. Bha miseanaraidhean a' dol a-null is a-nall thar Chuan na h-Èireann a' stèidheachadh mhanachainnean a bha nan ionadan cliùiteach a thaobh ionnsachadh agus ealain. Bha iad seo gu math cudromach a thaobh sgaoileadh Crìostalachd am measg nan Sasannach is a-null gu tìr-mòr na h-Eòrpa.

Chaidh aithne a thoirt don chreideamh Chrìostail seo a bha a' ceangal mòran den Roinn Eòrpa tro ealain air an leithid croisean mòra cloiche agus làmh-sgrìobhainnean soillsichte air a bheil na h-aon stoidhlean grinne 's a tha air obair-mheatailt na linne.

## 4.6 Làn Cumhachd is Cheanglaichean

Tha na tasgaidhean grinne a' toirt dhuinn sealladh a-steach a shaoghal làn cheanglaichean. Am measg nan tasgaidhean meatailt a lorgadh air Eilean Naomh Fionan tha farsaingeachd àraidh de nithean air an dèanamh an seo agus thall thairis.

Bha na bailtean-daingnichte agus manachainn nan àitean san robh stuthan air leth luachmhor gan dèanamh, a' sealltainn gun robh ceanglaichean aig na daoine ri àitean fad às. Bha na daoine beartach is cumhachdach le goibhnean sgileil aca cho math ri stuthan a' tighinn a-steach tro lìonraidhean air feadh Bhreatainn is Èireann agus nas fhaide air falbh. Chaidh bràistean agus seudan eile a dhèanamh airson sealltainn farsaingeachd liut agus sgilean a' ghobha. Dheigheadh an toirt seachad mar thiodhlacan airson dearbhadh a' chàirdeis eadar daoine. Bha cuideachd ìomhaighean beaga cràbhach uaireannan a' nochdadh san obair aca.

## 4.7 Linn nan Lochlannach – creach is caochladh

Bho AD793 a-mach, thòisich na Lochlannaich ri toirt ionnsaigh air bailtean agus manachainn Bhreatainn agus Èireann, ach le buaidh cultarail is ealanta nan Lochlannach a' tighinn a-steach às dèidh seo.

Bha luach mòr ga chur air tasgaidhean leis an t-seann stoidhle ealain orra, le daoine gan cumail is an cur orra fad ghinealaichean mòra. Chaidh cuid a bhriseadh agus ath-chleachdadh, le feadhainn eile air an adhlacadh mar a bha iad ann an uaighean pàganach. Chaidh tasgaidhean cràbhach a ghoid is a thoirt air falbh a-null thar a' Chuain a Tuath.

Bha fèille mhòr fhathast ga cur air bràistean beàrn-fhainneach ('*penannular*'), ach bha an fheadhainn bho linn nan Lochlannach air an sgeadachadh le ealain ùr de dh'ainmhidhean a thàinig a-steach leis na Lochlannaich. Bha iad seo gu math mòr, le airgead (air thighinn a-steach bhon Roinn Eòrpa) mar phàirt dhiubh, aon dhe na buannachdan an lùib lìonraidhean farsaing malairt.

## 4.8 Na Seann Dòighean

Bha an ealain lùbach, chearcallach a chunnacas air feadh na h-Eòrpa bhon 5mh linn air fàs gu math tearc ro AD1000 – a’ briseadh a’ cheangail leis na linntean a dh’fhalbh. Bha ìomhaighean fìchte a’ nochdadh suas gu deireadh nam meadhan aoisean. Cha robh aon fhèin-aithne Cheilteach ann tuilleadh no aon dualchas ealain, le muinntir na h-Alba, na h-Èireann agus Chuimrigh a’ cruthachadh fèin-aithne eadar-dhealaichte.

Mhair cuid de thasgaidhean sgeadaichte fad linntean mòra. Bha na coimhearsnachdan Crìostail fhathast a’ toirt urram mòr do na seann naomhan, le clagan, leabhraichean agus buachaill ris an do bhuin naomh gan glèidheil am broinn chistean maiseach meatailt. Tha mòran tasgaidhean againn chun an là an-diugh air sgàth is gun robh iad seo - cho math ris an t-sloinntearachd, seanchas agus traidiseanan – air an glèidheil le teaghlaichean uasal. Bhiodh daoine a’ mionnachadh air na tasgaidhean seo agus dheigheadh an toirt gu batail airson dìon is deagh fhortan.

## 5.1 Ath-lorg is Ath-bheòthachadh, AD1500 – an-diugh

Airson mìle bliadhna às dèidh dha Ìmpireachd na Ròimhe tuiteam às a chèile, sguireadh a' cleachdadh an fhacail 'Celt'. 'S ann mu AD1500 a lorg sgoilearan na h-Eòrpa lorg air an fhacal an seann sgrìobhadh nan Greugach is nan Ròmanach. Dh'fheuch iad ri ceangal a dhèanamh eadar na teacsaichean seo agus na bhathas a' faighinn a-mach a thaobh àrc-eòlas, chànanan agus stoidhlean ealain agus bha mòran dhen obair seo le bun-stèidh car cugallach a thaobh fiosrachadh.

B' e àm gu math caochlaideach a bha seo, gu h-àraidh le Breatainn aonaichte a bha strì an-aghaidh sgaraidhean cànanach, cultarail agus poilitigeach. Bha an t-Ath-bheòthachadh Ceilteach a' toirt dhaibh fèin-aithne eatorra; fèin-aithne a tha fhathast aig bunait ar beachdan air na Ceiltich suas chun an là an-diugh.

## 5.2 Air Tòir nan Ceilteach

Le beartan clò-bhualaidh a' tighinn a-steach mu 1450, bha tionndaidhean ùra dhe na seann teacsaichean Greugach agus Ròmanach air na Ceiltich a' ruigsinn leughadairean ùra. Bha na criomagan fianais seo a' fosgladh dhòighean ùra air rannsachadh eachdraidh na h-Eòrpa.

Rinn mu 1700 sgoilear measadh air Gàidhlig, Cuimris is Breatannais a' faicinn gun robh rudan coltach eatorra is chaidh an cur còmhla mar na cànanan Ceilteach; a' cleachdadh an ainm a chunnacas sna seann leabhraichean. Le brosnachadh ga thoirt dhaibh, rinn àrsadairean tional air farsaingeachd mhòr de dh'fhianais àrc-eòlach fon bhrataich Cheiltich, ach chuir seo amannan is àitean gu tur eadar-dhealaichte uile còmhla.

Le cliù aig na Ceiltich mar dhaoine romansach, a rèir spiorad na linne, chaidh fianais a chur gu aon taobh airson stòiridhean. Chaidh aire na Roinn Eòrpa air fad a ghlacadh le bàrdachd an t-seann bhàird Ghàidhlig Oisean, ged a bha mòran air a cruthachadh leis an 'eadar-theangaire' Seumas Mac a' Phearsain, a bha airson an t-seann chultair luachmhor a ghlèidheil.

## 5.3 Na h-Ealain Cheilteach

Rè na 19mh linn, bha sgoilearan air feadh na h-Eòrpa ag obair chum tasgaidhean nan taighean-tasgaidh aca a chleachdadh is iad ag innse eachdraidh nan dùthchannan.

Chaidh aithne a thoirt do ealain Cheilteach an toiseachd sna 1850an nuair a bha cruinneachaidhean an Taigh-tasgaidh Nàiseanta an Dùn Èideann agus Museum Bhreatainn an Lunnainn gan cur air dòigh. B' e neach à Dùn Èideann, fear Daniel Wilson, a' chiad duine a bhruidhinn air 'Ealain Cheilteach' is e a' dèanamh mìneachadh air tasgaidhean sgeadaichte bho na meadhan aoisean an Alba is Èirinn.

Bhathas a' faighinn lorg air tasgaidhean ùra fad na h-ùine, agus sheall fear Augustus Franks an 1863 gun robh na h-aon seòrsa phàtranan rim faicinn air tasgaidhean nam meadhan aoisean bho air feadh na Eòrpa. Mhothaich sgoilearan eile gun robh ceangal eadar tasgaidhean bha Linn an Iarainn agus tràth sna meadhan aoisean, agus 's ann a chuir iad uile fon bhrataich ealain Cheilteach iad. 'S iad an ealain seo agus an sgrùdadh air a dhèanamh air cànanachas agus air seann teacsaichean prìomh chuspairean nan sgoilearan Ceilteach airson nan 150 bliadhna ri thighinn.

## 5.4 An t-Ath-bheòthachadh Cheilteach

Le obair a' dol air adhart a' cruthachadh rathaidean-iarainn agus sgrìobadh grunn d aibhnichean rè linn Bhictoria fhuaireas lorg air tasgaidhean ùra àrc-eòlach a ghlac aire a' phobaill. Thòisich seudan ùra gan lorg leis na h-aon phàtranan is ealain is a bhathas a' lorg air na tasgaidhean aosmhor. Bha iarrtas mòr ann airson na stoidhle ealain seo, fiù am measg an teaghlaich Rìoghail.

Le fèin-aithne nan diofar dhùthchannan Ceilteach air aire muinntir Alba, Èireann is Cuimrigh, bha an t-ath-bheòthachadh gu math cudromach aig an àm seo, is iad a' cur solas air na h-eadar-dhealachaidhean cultarail eadar iad fhèin agus Sasainn.

Bha diofar mòr eadar na diofar dhùthchannan, ge-tà. Anns a' Chuimrigh, bha prìomhachas ga chur air ìomhaigh a' bhàird, le ath-bheòthachadh a-thaobh bàrdachd is ceòl. Ann an Alba, chuireadh prìomhachas air ealain agus cultar, ach ann an Èirinn bha barrachd cuideim ga chur air gnothaichean poilitigeach, le iarrtas ann gum faigheadh Èirinn inbhe mar dhùthaich neo-eisimeileach.



## 5.5 Seallaidhean Romansach

Bha luchd-ealain an ath-bheòthachaidh Cheiltich tric a' cur air adhart ìomhaighean romansach bho eachdraidh Cheilteach. Chruthaich fear Iain MacDhonnchaidh an dealbh *Anima Celtica* ('Anam Ceilteach') an 1895 stèidhte air figearan bho sheanchas nan Gàidheal, maille ri measgachadh fhigearan bho chatalog an taigh-thasgaidh an 1892. Anns a' chruinneachadh aige, bha gnothaichean le beàrn 3000 bliadhna eatorra; bho chlaidheamh bho dheireadh nam Meadhan Aoisean gu bonaid Sheumasach.

Aig an àm seo de ath-bheòthachadh is ùrachadh cultarail, bha MacDhonnchaidh a' feuchainn ri eachdraidh shlàn a chruthachadh a' dol bho na seann aimsirean suas chun na 19mh linn. Tha gach rud a thagh e ag innse sgeulachdan fa leth mun àite agus àm ann an eachdraidh na h-Alba.

